

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2016

Comharra

X732/75/01

Nàiseanta 5

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

1:00 F—2:40 F

Gàidhlig  
Leughadh  
Gàidhlig Reading



\* X 7 3 2 7 5 0 1 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an  
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE. Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile airson Sgrìobhadh. Cuir do fhreagairtean airson Sgrìobhadh ann an leabhran nam freagairtean airson Sgrìobhadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mur a dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 1 \*

Comharran gu lèir — 30  
Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

*Tha an earrann a leanas ag innse mun sgrìobhadair ainmeil J R R Tolkien.*

J R R Tolkien

B' ann an Afraga a Deas a rugadh *John Ronald Reuel Tolkien* ann an 1892. Bha a phàrantan air imrich a dhèanamh à Sasainn chun na dùthcha sin an dèidh dha athair obair fhaighinn mar mhanaidsear banca an sin. 'S cinnteach gun robh beatha a' bhalaich òig air a bhith gu math diofraichte mur an robh athair air bàsachadh nuair nach robh e ach trì bliadhna a dh'aois. Cha robh teachd-a-steach tuilleadh aig an teaghlach 's bha aca ri tilleadh a Shasainn far an do dh'fhuirich iad ann an taigh seanmhair *John* ann am Birmingham. Dh'fhàs òige *John* na bu duilghe buileach nuair a bhàsaich a mhàthair goirid an dèidh sin. Bha a mhàthair ge-tà air buaidh mhòr a thoirt air *John*. 'S i fhèin a theagaisg dha a bhith a' leughadh 's gun e ach ceithir bliadhna a dh'aois. Cha b' fhada gus an robh e comasach air sgrìobhadh gu fileanta.

Ged a bha *Tolkien* dèidheil air ealain agus nàdar, bha e follaiseach gur e litreachas an rud a b' inntinniche dha. Chuireadh e seachad ùine mhòr na òige a' leughadh. Chòrdadh nobhailean de gach seòrsa ris. Thug *Tolkien* a-mach ceum ann an Oilthigh Oxford ann an cànan agus litreachas na Beurla. Phòs e goirid an dèidh dha crìoch a chur air a' cheum sin ach cha b' fhada gus an robh aige ri falbh a shabaid anns a' Chiad Chogadh. Thug na dh'fhiosraich e sa chogadh buaidh mhòr air. Bhàsaich mòran de a charaidean agus b' iomadh sealladh eagalach a chunnaic e. Dh'fhàs e fhèin bochd fhad 's a bha e a' sabaid 's bha aige ri ùine a chur seachad ann an ospadail. Ach nuair a thòisich e a' fàs na b' fheàrr, thòisich e air bàrdachd a sgrìobhadh.

Fhuair *Tolkien* obair ann an Roinn na Beurla ann an Oilthigh Leeds ann an 1920. Còig bliadhna an dèidh sin ghluais e air ais gu Oxford far an do ghabh e obair phroifeasair os-làimh. Bha ceathrar chloinne aig *Tolkien* mun àm sin. Bhiodh e a' cruthachadh sgeulachdan dhaibh na inntinn agus thòisich e air cuid dhiubh a sgrìobhadh. Ann an 1937, chaidh tè dhiubh, *The Hobbit*, fhoillseachadh. Bha an leabhar seo cho soirbheachail 's gun deach iarraidh air *Tolkien* barrachd sgeulachdan a chruthachadh mu na caractaran a nochd ann. Mar sin, thòisich e air *The Lord of the Rings* a sgrìobhadh. Bhiodh e ag obair air an leabhar sin airson dà bhliadhna dheug mus deach fhoillseachadh, mu dheireadh thall, ann an 1954. Cha b' fhada gus an robh i air a faicinn mar tè de na sgeulachdan a bu mhotha a thug buaidh air litreachas an t-saoghail a-riamh. Tha an sgeulachd air a meas le mòran mar an tè a b' fheàrr a chaidh a sgrìobhadh anns an fhicheadamh linn. Tha *The Lord of the Rings* cuideachd am measg nan leabhraichean a bu mhotha a chaidh a reic anns an t-saoghal air fad. Ged a bha ùghdaran eile air sgeulachdan mac-meanmach a sgrìobhadh roimhe seo, dh'fhàs an gnè-sgrìobhaidh seo fada na bu chumanta agus na b' fhasanta ri linn obair *Tholkien*. Thug an sgeulachd aig *Tolkien* misneachd do sgrìobhadairean eile an saoghal aca fhèin a chruthachadh.

Chaidh an sgeulachd *The Lord of the Rings* a thaisbeanadh as ùr do ghinealach nas òige nuair a chaidh trì filmichean a dhèanamh dhith bho chionn beagan 's deich bliadhna. B' e fear de na pròiseactan film a bu mhotha a rinneadh a-riamh a bha ann. Chosg e faisg air dà cheud millean not agus mhair am pròiseact ochd bliadhna. Mar an leabhar, bha e glè shoirbheachail. Bhuannaich an treas film aon *Oscar* deug — an àireamh a bu mhotha a bhuannaich film a-riamh. Thug na filmichean air mòran an leabhar a cheannach agus dh'fhàs *Tolkien* na b' ainmeile buileach. 'S beag fios a bha aig *Tolkien* nuair a thòisich e a' sgrìobhadh gun robh a leithid de bhuaidh gu bhith aige air litreachas an t-saoghail.



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 2 \*

## Ceistean

1. (a) Carson a chaidh teaghlach Tholkien a dh'Afraga a Deas? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- (b) Saoil dè na dòighean anns an robh beatha Tholkien air a bhith diofraichte mur an robh athair air bàsachadh? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- (c) Dè a' bhuidh a bha aig a mhàthair air Tolkien? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
2. Dè tha a' dearbhadh gur e litreachas a b' inntinniche dha Tolkien na òige? 3
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
3. Dè na rudan anns a' Chiad Chogadh a thug buaidh air Tolkien. 3
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
4. Dè an dà obair a bha aig Tolkien? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 3 \*

5. (a) Saoil carson a tha e air innse dhuinn anns an earrainn gun robh clann aig Tolkien? 2

---

---

- (b) Dè tha a' dearbhadh dhuinn gun robh a' chiad nobhail aig Tolkien, *The Hobbit*, soirbheachail? 2

---

---

6. (a) Dè am fiosrachadh a tha a' nochdadh dhuinn gur dòcha nach robh e furasta dha Tolkien *The Lord of the Rings* a sgrìobhadh? 2

---

- (b) Thoir geàrr-chunntas air a' bhuidh a bha aig *The Lord of the Rings* air litreachas an t-saoghail. 4

---

---

---

---

7. Thoir cunntas air na prìomh rudan a tha sinn a' faighinn a-mach mun phròiseact gus *The Lord of the Rings* a dhèanamh na fhilm. 4

---

---

---

---



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 4 \*

8. Nad bheachd, dè an dà phrìomh amas a bha aig an sgrìobhadair? Beachdaich air an earrann air fad.

2

---

---

---

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 5 \*

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 6 \*

*Duilleag 06*

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 7 \*

*Duilleag 07*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO




\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 8 \*

*Duilleag 08*



FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2016

Comharra

X732/75/02

## Nàiseanta 5

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

1:00 F—2:40 F

Gàidhlig  
Sgrìobhadh  
Gàidhlig Writing



\* X 7 3 2 7 5 0 2 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an  
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist. Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile airson Leughadh. Cuir do fhreagairtean airson Leughadh ann an leabhran nam freagairtean airson Leughadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mur a dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 1 \*

Comharran gu lèir — 20  
Feuch AON cheist.

1. Tha barrachd dhealbhan-cluich Gàidhlig air nochdadh anns na beagan bhliadhnachan mu dheireadh. Inns mu dhealbh-chluich a chunnaic thu no a leugh thu o chionn ghoirid agus mìnich carson a chòrd e riut.
2. Tagh nobhail no sgeulachd-ghoirid a leugh thu am-bliadhna agus a chòrd riut. Inns carson a thug an nobhail no an sgeulachd ghoirid buaidh ort.
3. Tagh bàrdachd a leugh thu tron bhliadhna anns an robh ìomhaigheachd. Inns mar a neartaich seo ciall na bàrdachd dhut. Faodaidh tu togail air sgilean eile a chleachd am bàrd/a' bhàna-bhàrd cuideachd.
4. Inns mu fhilm no mu phrògram Gàidhlig a thug buaidh mhòr ort. Beachdaich air plot, caractaran, suidheachadh no rud sam bith eile a tha freagarrach.
5. Inns mu rannsachadh a rinn thu am-bliadhna air cuspair a tha ceangailte ri cultar na Gàidhlig. Sgrìobh aiste mu dheidhinn.

Dh'fhaodadh tu togail air na puingean seo:

Carson a thagh thu an cuspair?

Dè na dòighean a chleachd thu airson an cuspair a rannsachadh?

Dè fhuair thu a-mach?

Dè na co-dhùnaidhean chun an tàinig thu aig a' cheann thall?



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 2 \*

ÀITE FHREAGAIRT

Blank lined area for writing the name of the shop.









COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 7 \*

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 8 \*

*Duilleag 08*



FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2016

Comharra



X732/75/03

Nàiseanta 5

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

3:00 F—3:25 F (MOLADH)

Gàidhlig  
Èisteachd  
Gàidhlig Listening



\* X 7 3 2 7 5 0 3 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an  
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 20

Cluinnidh tu earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas. **Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.**

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnannan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu rùm nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainne.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 5 0 3 0 1 \*

## Comharran gu lèir – 20

1. Ainmich dà bheachd a bha aig Calum air New Zealand. 2
- 
- 
2. Carson a chaidh tòrr obair-togail a dhèanamh ann an Christchurch? 2
- 
- 
3. Dè tha sònraichte mu na gàrraidhean? 1
- 
- 
4. Carson a tha Loch Tekapo air inbhe shònraichte a bhuannachadh? 3
- 
- 
- 
5. (a) Ainmich dà dhòigh anns a bheil *New Zealand* coltach ri Alba. 2
- 
- 
- 
- (b) Carson a chaidh filmichean ainmeil a dhèanamh ann? 1
- 
- 
- 



\* X 7 3 2 7 5 0 3 0 2 \*

6. Ainmich dà rud a dh'fhaodas daoine a dhèanamh ann am Baile na Banrighinn. 2

---

---

7. Dè gu sònraichte a tha na taighean-bìdh a' reic? 1

---

---

8. Dè a shaoil Calum mu na làithean-saora aige? 2

---

---

9. Beachdaich air an earrainn gu lèir.

- (a) A bharrachd air innse mu a thuras, dè am prìomh amas a chanadh tu a bha aig Calum? 1

---

---

---

- (b) A' cleachdadh fianais bhon earrainn, seall dè cho soirbheachail 's a choilean e amas. 3

---

---

---

---

---

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 5 0 3 0 4 \*

*Duilleag 04*

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 5 0 3 0 5 \*

*Duilleag 05*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 3 0 6 \*

*Duilleag 06*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 3 0 7 \*

*Duilleag 07*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 3 0 8 \*

*Duilleag 08*





Teisteanais  
Nàiseanta  
2016

**X732/75/13**

**Nàiseanta 5**

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

3:00 F— 3:25 F (MOLADH)

**Gàidhlig  
Earrann Èisteachd**

Gàidhlig  
Listening Transcript

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

Ri fhosgladh leis an tidsear mur eil an disc ag obair neo far a bheil cead air a thoirt seachad ro làimh leis an SQA airson an stuth a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte.

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



\* X 7 3 2 7 5 1 3 \*

**Stiùiridhean airson leughadair(ean):**

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro làimh, feumar boireannach airson earrann comharraichde le **(b)** agus fireannach airson **(f)**; agus neach-teagaisg far a bheil **(n—t)**.

**Instructions to reader(s):**

Read the passage twice with an interval of 5 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(b)** should be read by a female speaker and those marked **(f)** by a male; those sections marked **(n—t)** should be read by the teacher.

**(n—t)** Cluinnidh tu earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas. Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.

*(1 mionaid)/(1 minute)*

**(b/f)** Tha Calum Friseal ag innse mu thuras air an robh e.

**(f)** Suas gu mìos air ais cha robh mi riamh air a bhith ann an *New Zealand*. Bha mi daonnan a' smaoinichadh gun robh e cho fada air falbh, gun robh an aimsir fliuch 's fuar agus gun robh an dùthaich fhèin caran coltach ri Alba. Carson idir a bhithinn airson a dhol ann?

Ach 's mi a bha fada ceàrr.

'S e àite bòidheach dha-rìribh a th' ann. Thadhail mise air an Eilean a Deas agus chuir mi seachad dà sheachdain mhìorbhaileach a' siubhail timcheall an eilein. Dh'fhuirich mi anns a' phrìomh bhaile, Christchurch, a' chiad oidhche. Chaidh am baile seo a mhilleadh gu mòr ann an crith-thalmhainn làidir beagan bhliadhnaichean air ais ach thathar air obair mhòr a dhèanamh gus ath-thogail bhon uair sin. Ma bhios tu a' dol ann 's fhiach dhut tadhal air na gàrraidhean sònraichte a tha faisg air an abhainn airson na flùraichean agus na craobhan annasach fhaicinn.

Aon latha ghabh mi cuairt air bus gu Loch Tekapo. Tha an t-àite seo air inbhe shònraichte fhaighinn airson cho furasta 's a tha e sealladh àlainn de na rionnagan fhaicinn air an oidhche. Tha seo air sgàth 's nach eil solais-sràide no solas sam bith à togalaichean ga mhilleadh. Mar sin bidh na mìltean a' dol ann airson coimhead tron phrosbaig mhòir a th' aca aig mullach Beinn Iain.

Bidh thu a' faireachdainn gu bheil thu aig an taigh ma thèid thu gu *New Zealand* oir tha an dùthaich gu math coltach ri Alba fhèin le beanntan creagach, lochan mòra agus seallaidhean bòidheach. Chaidh na filmichean ainmeil *The Hobbit* agus *Lord of the Rings* a dhèanamh an sin air sgàth 's gun robh e cho freagarrach a thaobh coltas na dùthcha.

B' e Baile na Bànrighinn an t-àite a b' fheàrr air an turas agam. Ma bhios e a' còrdadh riut a bhith a' leum bho dhrochaid àird air ròpa elastaig, no a bhith a' dol sìos slighean casa air baidhsagal, no a bhith a' dol sìos abhainn gharbh air *kayak* . . . 's e seo an t-àite dhutsa. Mura bi e a' còrdadh riut a bhith a' gabhail cus eagail, faodaidh tu a dhol anns a' chàr-chàball suas a' bheinn os cionn a' bhaile. Tha gu leòr àiteachan-fuirich anns a' bhaile agus cuideachd an t-uabhas thaighean-bìdh far am faigh thu gach seòrsa bìdh bho air feadh an t-saoghail.

Feumaidh mi a ràdh gur iad na saor-làithean ann an *New Zealand* an fheadhainn a b' fheàrr a bh' agam riamh ach cha robh iad fada gu leòr. Ma gheibh thu cothrom a dhol ann, gabh e! Cha bhi aithreachas sam bith ort.

**[CRÌOCH NA H-EARRANN]**

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO